

# PDA ann an Eadar-theangachadh Gàidhlig



Tha An Duais Leasachaidh Proifeiseanta (PDA) ann an Eadar-theangachadh Gàidhlig aig SCQF ìre 11 na theisteanas SQA a' dèiligeadh ri sgilean speisealta ann an eadar-theangachadh agus a' leasachadh coileanadh mar eadar-theangair proifeiseanta.

## **Carson a bu chòir dhan ionad agamsa an teisteanas seo a libhrigeadh?**

Tha an teisteanas seo air a bhith air a leasachadh ann an com-pàirteachas le institiudan foghlaim adhartach agus àrd-ìre, luchd-fastaidh agus gnìomhachas.

An dèidh am PDA a chrìochnachadh gu soirbheachail, dh'fhaodadh gum biodh na h-oileanaich airson aithne phroifeiseanta a shireadh le buidheann clàraidh phroifeiseanta airson eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachadh.

## Cò dha a tha an teisteanas freagarrach?

Tha am PDA ann an Eadar-theangachadh Gàidhlig dhaibhsan a tha a-cheana ag obair mar eadar-theangairean a tha airson tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air an eòlas, sgilean agus cleachdadh. Tha e cuideachd freagarrach dhaibhsan aig a bheil ìre àrd de chomas ann an Gàidhlig agus Beurla a tha airson a dhol tron phròiseas a dh'fheumar a leantainn gus a bhith mar eadar-theangair comasach a bhiodh ag obair gu ìrean proifeiseanta.

Is iad na prìomh raointean ris am bithear a' dèiligeadh an lùib na h-obrach, planaichean Gàidhlig bhuidhnean poblach, obair eadar-theangachaidh an lùib nam meadhanan, craoladh agus foillseachadh.

Tha an teisteanas a' gabhail a-steach:


- a bhith ag eadar-theangachadh theacsaichean bho Bheurla gu Gàidhlig is bho Ghàidhlig gu Beurla
- a bhith a' measadh do chomais fhèin mar eadar-theangair a tha ag obair a rèir shlatan-tomhais proifeiseanta
- a' planadh agus a' cur an cèill leasachadh proifeiseanta leantainneach

### Structar

Còd Duais Buidhne: GN67 (24 puingeann creideis SCQF)

Tha am PDA ann an Eadar-theangachadh Gàidhlig aig SCQF ìre 11 a' gabhail a-steach dà aonad a dh'fheumar a choileanadh.

HW02 38	Eadar-theangachadh Theacsaichean bho Bheurla gu Gàidhlig is bho Ghàidhlig gu Beurla	1. Ullachadh gus eadar-theangachadh 2. Eadar-theangachadh theacsaichean bho aon chànan gu cànan eile 3. Rianachd obair eadar-theangachaidh
HW01 38	Leasachadh do Chomais mar Eadar-theangair Proifeiseanta	1. Measadh d' obair mar eadar-theangair a tha ag obair a rèir shlatan-tomhais proifeiseanta 2. Dèanamh planadh agus cur an cèill an leasachaidh phroifeiseanta leantainneach agad fhèin



**Fhuair SQA taic bho Bhòrd na Gàidhlig airson a' phròiseict seo**

## Cothrom

Tha cothrom air a' PDA fo ùghdarras an ionaid. Ach, bhiodh e na bhuannachd do dh'oileanaich nam faigheadh iad na sgilean, eòlas agus tuigse a bhiodh riatanach ann an aon no barrachd de na leanas, no teisteanasan co-ionann agus/no eòlas:

- Sgilean Eadar-theangachaidh (Translation Skills) SCQF ìre 10 \*
- Sgilean Deasachaidh (Editing skills) SCQF ìre 11 \*
- ceum sa chànan (no cànanan) buntainneach agus/no fileantas no faisg air fileantas/comas obrachaidh sa bhun- chànan agus sa chànan air a bheilear ag amas.

\* teisteanasan Sabhal Mòr Ostaig - nach eil bho SQA

Bu chòir iarraidh air an fheadhainn a tha airson a bhith nan oileanach iarrrtas a chur a-steach sa Ghàidhlig, a' mìneachadh nan teisteanasan a tha aca agus an eòlas buntainneach.

### A' dol air adhart

Chaidh na h-aonadan sa PDA am mapadh an aghaidh nan Inbhean Obdach Nàiseanta airson Eadar-theangachadh, aonadan PTra3 agus PTra4. Bhiodh an cothrom aig oileanaich a bhith a' dol air adhart gu clàradh proifeiseanta.

## Cead

Feumaidh ionadan a tha airson an teisteanas seo a thabhann a thighinn air adhart airson cead fhaighinn agus fios a chur gu Sgioba Leasachadh Gnothachais an SQA